



Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011

Clàran Gàidhlig

Iain Mac an Tàilleir
Sabhal Mòr Ostaig
7 Iuchar 2015

Clàr-innse

Ro-ràdh	3
Clàr 1: 2011 – Luchd-labhairt mar cheudad sgìreil	4
Clàr 2: 2011 – Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad sgìreil	6
Clàr 3: 2001-11 - Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad sgìreil	8
Clàr 4: 2001-11 - Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad sgìreil	10
Clàr 5: 2011 – Dachaigh - Luchd-labhairt mar cheudad sgìreil	12
Clàr 6: 2011 – Dachaigh - Luchd-labhairt mar cheudad de luchd-labhairt sgìreil	14
Clàr 7: 2011 – Eileanan – Luchd-labhairt	16
Clàr 8: 2011 – Eileanan – Luchd na Gàidhlig air fad	17
Clàr 9: 2011 – Eileanan - Neart na Gàidhlig labhairtich	18
Clàr 10: 2001-11 – Eileanan – Luchd-labhairt	19
Clàr 11: 2001-11 – Eileanan – Atharrachadh ceudadach	20
Clàr 12: 2011 – Paraistean Eileanach – Luchd-labhairt	21
Clàr 13: 2011 – Paraistean Eileanach – Luchd na Gàidhlig air fad	23
Clàr 14: 2011 – Paraistean Tìr-mòr – Luchd-labhairt mar cheudad	25
Clàr 15: 2011 – Paraistean Tìr-mòr – Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad	26
Clàr 16: 2011 – Paraistean Uile - Neart na Gàidhlig labhairtich	27
Clàr 17: 2001-11 – Paraistean Eileanach - Luchd-labhairt	29
Clàr 18: 2001-11 – Paraistean Tìr-mòr – Luchd-labhairt	30
Clàr 19: 2001-11 – Paraistean – Atharrachadh ceudadach	31
Clàr 20: 2011 – Ceàrnaidhean Eileanach – Luchd-labhairt	33
Clàr 21: 2011 – Ceàrnaidhean Eileanach – Luchd na Gàidhlig air fad	38
Clàr 22: 2011 – Ceàrnaidhean Tìr-mòr – Luchd-labhairt	44
Clàr 23: 2011 – Ceàrnaidhean - Neart na Gàidhlig labhairtich	49
Clàr 24: 2001-11 – Ceàrnaidhean Uile – Luchd-labhairt	50
Clàr 25: 2001-11 – Ceàrnaidhean – Atharrachadh ceudadach	54
Clàr 26: 2011 - Paraistean Tìr-mòr & Ceàrnaidhean - Àireamhan Luchd-labhairt	58
Clàr 27: 2011 - Clann aois 3-4 anns na h-eileanan	64
Clàr 28: 2011 - Clann aois 5-15 anns na h-eileanan	65
Clàr 29: 2011 - Clann aois 3-4 air feadh na h-Alba	66
Prìomh Phuingean	68
Mapaichean	71

Ro-ràdh

Dh'fhoillsicheadh figearan mun Ghàidhlig à Cunntas-sluaigh 2011 an toiseach anns an t-Sultainn 2013, agus tha na clàran a leanas stèidhte air an fhiosrachadh sin agus air an ath fhoillseachadh anns an t-Samhainn. Tha am fiosrachadh ri fhaotainn air www.scotlandscensus.gov.uk, a' cleachdadh Standard Outputs aig an Census Data Explorer.

Tha a' mhòr-chuid (51.5%) de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghàidhealtachd thradaiseanta, 's 48.5% a' fuireach air a' Ghalltachd. A' cur nan sgilean cànan uile còmhla (tuigsinn, labhairt, leughadh, sgrìobhadh), chan eil ach 43.8% de luchd na Gàidhlig air fad a' fuireach air a' Ghàidhealtachd. Tha a' mhòr-chuid (56.2%) a-nis a' fuireach air a' Ghalltachd. Feumar a bhith mothachail, ged-thà, nach ionnan crìochan nan comhairlean ionadail agus crìochan na Gàidhealtachd tradaiseanta. Mar eisimpleir, tha Peairt & Cinn Rois air fad (a' gabhail a-steach Athaill, Bhràid Albainn is Raineach) na phàirt den Ghalltachd anns na clàran a leanas.

Gabhaidh coimeas dèanamh eadar figearan Cunntasan-sluaigh 2001 agus 2011 leis mar nach eil crìochan nan comhairlean air atharrachadh anns an eadraiginn, agus chithear crìonadh leantainneach air a' Ghàidhealtachd thradaiseanta. Ged-thà, ann an corra sgìre tha àireamh luchd na Gàidhlig air fad (an fheadhainn a thuigeas, a bhruidhneas, a leughas no a sgrìobhas an cànan) agus luchd-labhairt na Gàidhlig a-mhàin air àrdachadh.

Aig ìre ionadail anns na h-eileanan, chithear gu bheil a' Ghàidhlig na mion-chànan labhairteach ann an ceàrnaidhean timcheall air Steòrnabhagh, air a' Bhac, anns an Rubha, air na Lochan, ann am Beàrnaraigh Ùig, Beinn nam Fadhlà, Barraigh, ann an Tiriodh is Cola, Colbhasa, Ìle is Muile air fad agus anns an Eilean Sgitheanach air fad ach a-mhàin dà cheàrnaidh. Chan eil ceàrnaidh sam bith ann far a bheil comas labhairt na Gàidhlig aig còrr is 80% de mhuinntir an àite tuilleadh, 's chan eil ach Sgalpaigh Na Hearadh agus Na Meadhanan ann an Uibhist a Deas os cionn 75%. Anns na h-eileanan, tha comas-labhairt na Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de chlann aois 3-4 ann an Uibhist a Deas agus Barraigh a-mhàin.

Air tìr-mòr, ann an 2001 bha 13 paraistean catharra far an robh comas labhairt na Gàidhlig aig co-dhiù 10% den t-sluagh. Tha na h-aon pharaistean fhathast aig co-dhiù 10%, ged a thuit an ceudad anns a' chuid mhòir dhiubh.

Chuireadh ceist ùr ann an Cunntas-sluaigh 2011 nach do chuireadh ann an 2001, 's i a' faighneachd an robhar a' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh. Thuige sin cha robhar a' faighneachd mu chleachdadh na Gàidhlig (bho Chunntas-sluaigh 1881 co-dhiù), agus tha am fiosrachadh seo a' toirt dealbh ùr air cor a' chànan. Ma tha cleachdadh cànan ceangailte ri comas innte, leis mar a dh'fhaodadh luchd-labhairt fàs lapach agus mar a tha toraidhean 2011 a' sealltainn nach bi a' mhòr-chuid de luchd-labhairt na Gàidhlig ga bruidhinn aig an taigh, 's dòcha gu bheil adhbhar iomagain an lùib seo.

Clàr 1: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuinntir sgìre Comhairle, 2011

a. Sgìre	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Na h-Eileanan Siar	14,066	26,926	52.2%
A' Ghàidhealtachd	12,039	224,606	5.4%
Earra-Ghàidheal is Bòid	3,451	85,684	4.0%
Glaschu	5,891	572,633	1.0%
Peairt & Cinn Rois	1,275	142,277	0.9%
Sruighlea	789	87,645	0.9%
S. Dhùn Breatainn an Ear	910	101,999	0.9%
Obar Dheathain	1,626	215,597	0.8%
Dùn Èideann	3,157	460,103	0.7%
Moireibh	623	90,178	0.7%
Arcaibh	96	20,704	0.6%
Clach Mhanainn	278	69,673	0.6%
S. Dhùn Breatainn an Iar	510	87,590	0.6%
S. Obar Dheathain	1,397	243,826	0.6%
S. Rinn Friu	957	169,077	0.6%
S. Rinn Friu an Ear	549	87,685	0.6%
Inbhir Chluaidh	424	78,995	0.5%
S. Inbhir Àir a Tuath	683	133,728	0.5%
S. Inbhir Àir an Ear	576	118,660	0.5%
An Eaglais Bhreac	606	150,340	0.4%
Aonghas	417	112,447	0.4%
Fìobha	1,272	352,558	0.4%
Labhdaidh an Ear	397	96,200	0.4%
Labhdaidh an Iar	662	168,242	0.4%
Meadhan Labhdaidh	307	80,280	0.4%
Sealtainn	97	22,326	0.4%
S. Inbhir Àir a Deas	387	109,538	0.4%
S. Lannraig a Deas	1,232	303,470	0.4%
S. Lannraig a Tuath	1,326	325,465	0.4%
Dùn Deagh	470	142,489	0.3%
Dùn Phris & Gall-ghàidheil	468	146,765	0.3%
Na Crìochan	375	110,514	0.3%
<i>Gàidhealtachd</i>	<i>29,556</i>	<i>337,216</i>	<i>8.8%</i>
<i>Galltachd</i>	<i>27,819</i>	<i>4,781,007</i>	<i>0.6%</i>
Alba	57,375	5,118,223	1.1%

Nòtaichean:

- Chan eil an clàr seo a' gabhail a-steach sgilean cànan eile a bharrachd air labhairt.
- Tha 51.5% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghàidhealtachd thradaiseanta agus 48.5% a' fuireach air a' Ghalltachd thradaiseanta.
- Air taobh a-staigh na Gàidhealtachd tradaiseanta, chan eil ach na h-Eileanan Siar os cionn gnàth-cheudad na roinne (8.8%).
- Air taobh a-staigh na Galltachd tradaiseanta, tha Glaschu, Peairt & Cinn Rois, Sruighlea, Siorrachd Dhùn Breatainn an Ear, Obar Dheathain, Dùn Èideann agus Moireibh os cionn gnàth-cheudad na roinne (0.6%).
- Ann an Alba air fad, chan eil ach sgìrean Comhairlean Earra-Ghàidheal is Bhòid, na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar os cionn a' ghnàth-cheudaid nàiseanta (1.1%).

Clàr 2: Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad de mhuinntir sgìre Comhairle, 2011

a. Sgìre	b. Luchd na Gàidhlig	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Na h-Eileanan Siar	16,489	26,926	61.2%
A' Ghàidhealtachd	16,596	224,606	7.4%
Earra-Ghàidheal is Bòid	5,050	85,684	5.9%
Glaschu	9,469	572,633	1.7%
Sruighlea	1,360	87,645	1.6%
Obar Dheathain	3,172	215,597	1.5%
Peairt & Cinn Rois	2,169	142,277	1.5%
Dùn Èideann	5,935	460,103	1.3%
S. Dhùn Breatainn an Ear	1,340	101,999	1.3%
Moireibh	1,081	90,178	1.2%
S. Obar Dheathain	2,721	243,826	1.1%
Clach Mhanainn	507	69,673	1.0%
S. Dhùn Breatainn an Iar	863	87,590	1.0%
S. Rinn Friu an Ear	874	87,685	1.0%
Arcaibh	187	20,704	0.9%
S. Rinn Friu	1,586	169,077	0.9%
An Eaglais Bhreac	1,164	150,340	0.8%
Dùn Deagh	1,073	142,489	0.8%
Inbhir Chluaidh	667	78,995	0.8%
Labhdaidh an Ear	728	96,200	0.8%
Sealtainn	187	22,326	0.8%
S. Inbhir Àir a Tuath	1,129	133,728	0.8%
S. Inbhir Àir an Ear	961	118,660	0.8%
Aonghas	825	112,447	0.7%
Dùn Phris & Gall-ghàidheil	968	146,765	0.7%
Fìobha	2,462	352,558	0.7%
Labhdaidh an Iar	1,179	168,242	0.7%
Meadhan Labhdaidh	547	80,280	0.7%
Na Crìochan	771	110,514	0.7%
S. Inbhir Àir a Deas	733	109,538	0.7%
S. Lannraig a Deas	2,106	303,470	0.7%
S. Lannraig a Tuath	2,127	325,465	0.7%
<i>Gàidhealtachd</i>	<i>38,135</i>	<i>337,216</i>	<i>11.3%</i>
<i>Galltachd</i>	<i>48,921</i>	<i>4,781,007</i>	<i>1.0%</i>
Alba	87,056	5,118,223	1.7%

Nòtaichean:

- Tha an clàr seo a' gabhail a-steach nan ceithir sgìlean cànan: tuigsinn, labhairt, leughadh is sgrìobhadh.
- Tha 43.8% de luchd na Gàidhlig air fad a' fuireach air a' Ghàidhealtachd thradaiseanta agus 56.2% a' fuireach air a' Ghalltachd thradaiseanta.
- Air taobh a-staigh na Gàidhealtachd tradaiseanta, chan eil ach na h-Eileanan Siar os cionn gnàth-cheudad na roinne (11.3%).
- Air taobh a-staigh na Galltachd tradaiseanta, tha Glaschu, Sruighlea, Obar Dheathain, Peairt & Cinn Rois, Dùn Èideann, Siorrachd Dhùn Breatainn an Ear, Moireibh agus Siorrachd Obar Dheathain os cionn gnàth-cheudad na roinne (1.0%).
- Ann an Alba air fad, chan eil ach sgìrean comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar os cionn a' ghnàth-cheudaid nàiseanta (1.7%).

Clàr 3: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad den t-sluagh sgìreil, 2001-11

Sgìre	2001		2011		Diofar	
A' Ghàidhealtachd	12,669	6.3%	12,039	5.4%	-630	-0.9%
An Eaglais Bhreac	527	0.4%	606	0.4%	+79	-
Aonghas	488	0.5%	417	0.4%	-71	-0.1%
Arcaibh	92	0.5%	96	0.6%	+4	+0.1%
Clach Mhanainn	303	0.7%	278	0.6%	-25	-0.1%
Dùn Deagh	645	0.5%	470	0.3%	-175	-0.2%
Dùn Èideann	3,132	0.7%	3,157	0.7%	+25	-
Dùn Phris & Gall-ghàidheil	450	0.3%	468	0.3%	+18	-
Earra-Ghàidheal is Bòid	4,168	4.7%	3,451	4.0%	-717	-0.7%
Fiobha	1,108	0.3%	1,272	0.4%	+164	+0.1%
Glaschu	5,731	1.0%	5,891	1.0%	+160	-
Inbhir Chluaidh	413	0.5%	424	0.5%	+11	-
Labhdaidh an Ear	337	0.4%	397	0.4%	+60	-
Labhdaidh an Iar	573	0.4%	662	0.4%	+79	-
Meadhan Labhdaidh	246	0.3%	207	0.4%	+61	+0.1%
Moireibh	460	0.5%	623	0.7%	+163	+0.2%
Na Crìochan	377	0.4%	375	0.3%	-2	-0.1%
Na h-Eileanan Siar	15,723	61.1%	14,066	52.2%	-1,657	-8.9%
Obar Dheathain	1,420	0.7%	1,626	0.8%	+206	+0.1%
Peairt & Cinn Rois	1,453	1.1%	1,275	0.9%	-178	-0.2%
Sealtainn	96	0.5%	97	0.4%	+1	-0.1%
Sruighlea	948	1.1%	789	0.9%	-159	-0.2%
S. Dhùn Breatainn an Ear	893	0.9%	910	0.9%	+17	-
S. Dhùn Breatainn an Iar	498	0.6%	510	0.6%	+12	-
S. Inbhir Àir a Deas	423	0.4%	387	0.4%	-40	-
S. Inbhir Àir a Tuath	559	0.4%	683	0.5%	+124	+0.1%
S. Inbhir Àir an Ear	369	0.3%	576	0.5%	+207	+0.2%
S. Lannraig a Deas	1,079	0.4%	1,232	0.4%	+153	-
S. Lannraig a Tuath	1,018	0.3%	1,326	0.4%	+308	+0.1%
S. Obar Dheathain	875	0.4%	1,397	0.6%	+522	+0.2%
S. Rinn Friu	989	0.6%	957	0.6%	-32	-
S. Rinn Friu an Ear	590	0.7%	549	0.6%	-41	-0.1%
<i>Gàidhealtachd</i>	<i>32,560</i>	<i>10.3%</i>	<i>29,558</i>	<i>8.8%</i>	<i>-3,002</i>	<i>-1.5%</i>
<i>Galltachd</i>	<i>26,092</i>	<i>0.6%</i>	<i>27,819</i>	<i>0.6%</i>	<i>+1,727</i>	<i>-</i>
Alba	58,652	1.2%	57,375	1.1%	-1,277	-0.1%

Nòtaichean

- Chaidh sluagh na h-Alba suas 217,731 eadar 2001 is 2011 agus bhite an dùil, ma bha crìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, gum biodh iad air a dhol sìos mar cheudad den t-sluagh nàiseanta. Bha luchd-labhairt na Gàidhlig a' riochdachadh 1.2% den t-sluagh nàiseanta ann an 2001.
- Chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Alba sìos 0.1% (1,277 daoine) eadar 2001 is 2011 gu 1.1% de mhuinntir na dùthcha air fad (57,375 daoine).
- Lean crìonadh na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd thradaiseanta, 's a' Ghàidhlig aig 1.5% (3,002 daoine) na bu lugha de mhuinntir na sgìre ann an 2011 na ann an 2001. B' ann anns na h-Eileanan Siar a bu mhotha a bha an crìonadh (8.9%), an uair sin ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd (0.9%) agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòid (0.7%).
- Air a' Ghalltachd thradaiseanta air fad, cha deach luchd-labhairt na Gàidhlig sìos mar cheudad den t-sluagh, ged a chaidh an àireamh suas 1,727 eadar 2001 is 2011.
- Chaidh luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad den t-sluagh sgìreil **suas** 0.1% ann an Arcaibh, Fìobha, Meadhan Labhdaidh, Obar Dheathain, S. Inbhir Àir a Tuath agus S. Lannraig a Tuath, agus suas 0.2% ann am Moireibh, S. Inbhir Àir an Ear agus S. Obar Dheathain.
- Chaidh luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad den t-sluagh sgìreil **sìos** 0.1% ann an Aonghas, Clach Mhanainn, Sealtainn, S. Rinn Friu an Ear agus anns na Crìochan, agus sìos 0.2% ann an Dùn Deagh, Peairt & Cinn Rois agus Sruighlea.

Clàr 4: Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad den t-sluagh sgìreil, 2001-11

Sgìre	2001		2011		Diofar	
A' Ghàidhealtachd	18,363	9.1%	16,596	7.4%	-1,767	-1.7%
An Eaglais Bhreac	1,063	0.8%	1,164	0.8%	+101	-
Aonghas	934	0.9%	825	0.7%	-91	-0.2%
Arcaibh	172	0.9%	187	0.9%	+15	-
Clach Mhanainn	517	1.1%	507	1.0%	-10	-0.1%
Dùn Deagh	1,295	0.9%	1,073	0.8%	-222	-0.1%
Dùn Èideann	6,022	1.4%	5,935	1.3%	-87	-0.1%
Dùn Phris & Gall-ghàidheil	969	0.7%	968	0.7%	-1	-
Earra-Ghàidheal is Bòid	6,515	7.3%	5,050	5.9%	-1,465	-1.4%
Fiobha	2,426	0.7%	2,462	0.7%	+36	-
Glaschu	9,941	1.8%	9,469	1.7%	-472	-0.1%
Inbhir Chluaidh	809	1.0%	667	0.8%	-142	-0.2%
Labhdaidh an Ear	690	0.8%	728	0.8%	+38	-
Labhdaidh an Iar	1,155	0.8%	1,179	0.7%	+24	-0.1%
Meadhan Labhdaidh	501	0.6%	547	0.7%	+46	+0.1%
Moireibh	929	1.1%	1,081	1.2%	+152	+0.1%
Na Crìochan	820	0.8%	771	0.7%	-49	-0.1%
Na h-Eileanan Siar	18,423	71.6%	16,489	61.2%	-1,934	-10.4%
Obar Dheathain	2,554	1.2%	3,172	1.5%	+618	+0.3%
Peairt & Cinn Rois	2,480	1.9%	2,169	1.5%	-311	-0.4%
Sealtainn	183	0.9%	187	0.8%	+4	-0.1%
Sruighlea	1,587	1.9%	1,360	1.6%	-227	-0.3%
S. Dhùn Breatainn an Ear	1,496	1.4%	1,340	1.3%	-156	-0.1%
S. Dhùn Breatainn an Iar	1,000	1.1%	863	1.0%	-137	-0.1%
S. Inbhir Àir a Deas	816	0.8%	733	0.7%	-83	-0.1%
S. Inbhir Àir a Tuath	1,103	0.8%	1,129	0.8%	+26	-
S. Inbhir Àir an Ear	730	0.6%	961	0.8%	+231	+0.2%
S. Lannraig a Deas	2,157	0.7%	2,106	0.7%	-51	-
S. Lannraig a Tuath	2,046	0.7%	2,127	0.7%	+81	-
S. Obar Dheathain	1,843	0.8%	2,721	1.1%	+878	+0.3%
S. Rinn Friu	1,842	1.1%	1,586	0.9%	-256	-0.2%
S. Rinn Friu an Ear	1,015	1.2%	874	1.0%	-141	-0.2%
<i>Gàidhealtachd</i>	<i>43,301</i>	<i>13.7%</i>	<i>38,135</i>	<i>11.3%</i>	<i>-5,166</i>	<i>-2.4%</i>
<i>Galltachd</i>	<i>49,095</i>	<i>1.1%</i>	<i>48,921</i>	<i>1.0%</i>	<i>-174</i>	<i>-0.1%</i>
Alba	92,396	1.9%	87,056	1.7%	-5,340	-0.2%

Nòtaichean

- Tha “luchd na Gàidhlig air fad” a' ciallachadh dhaoine le comas tuigsinn, labhairt, leughaidh no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig.
- Chaidh muinntir na h-Alba suas eadar 2001 is 2011 le 217,731 daoine agus bhite an dùil, ma bha crìonadh ann an àireamh luchd na Gàidhlig air fad, gum biodh iad air a dhol sìos mar cheudad den t-sluagh nàiseanta. Bha luchd na Gàidhlig air fad a' riochdachadh 1.9% den t-sluagh nàiseanta ann an 2001.
- Chaidh àireamh luchd na Gàidhlig air fad air feadh Alba sìos 0.2% (5,340 daoine) eadar 2001 is 2011 gu 1.7% de mhuinntir na dùthcha air fad (87,056 daoine).
- Lean crìonadh na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd thradiseanta, 's eòlas air a' Ghàidhlig aig 2.4% (5,166 daoine) na bu lugha de mhuinntir na sgìre ann an 2011 na ann an 2001. B' ann anns na h-Eileanan Siar a bu mhotha a bha an crìonadh (10.4%), an uair sin ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd (1.7%) agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòid (1.4%).
- Air a' Ghalltachd thradiseanta air fad, chaidh luchd na Gàidhlig air fad sìos 0.1% (174 daoine) mar cheudad den t-sluagh eadar 2001 is 2011, agus bha lughdachadh os cionn gnàth-cheudad na roinne (0.1%) ann an Aonghas, Inbhir Chluaidh, Peairt & Cinn Rois, Sruighlea, S. Rinn Friu agus S. Rinn Friu an Ear.
- Ged-thà, chaidh luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad den t-sluagh sgìreil **suas** 0.1% ann am Meadhan Labhdaidh agus Moireibh, 0.2% ann an S. Inbhir Àir an Ear, agus 0.3% ann an Obar Dheathain agus S. Obar Dheathain.

Clàr 5: Luchd-labhairt na Gàidhlig aig an taigh mar cheudad de mhuinntir sgìre Comhairle, 2011

Sgìre	A' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh	Mar % de mhuinntir na sgìre air fad
Na h-Eileanan Siar	10,879	40.39%
A' Ghàidhealtachd	5,451	2.42%
Earra-Ghàidheal & Bòid	1,277	1.49%
Glaschu	2,298	0.40%
S. Dhùn Breatainn an Ear	363	0.36%
Arcaibh	63	0.30%
Sruighlea	204	0.23%
S. Rinn Friu an Ear	188	0.21%
Obar Dheathain	406	0.19%
Dùn Èideann	850	0.18%
S. Rinn Friu	285	0.17%
S. Lannraig a Tuath	489	0.15%
Moireibh	128	0.14%
Peairt & Cinn Rois	195	0.14%
S. Inbhir Àir an Ear	161	0.14%
S. Dhùn Breatainn an Iar	111	0.13%
Inbhir Chluaidh	98	0.12%
S. Lannraig a Deas	366	0.12%
Clach Mhanainn	56	0.11%
S. Inbhir Àir a Tuath	130	0.10%
An Eaglais Bhreac	124	0.08%
S. Obar Dheathain	193	0.08%
Labhdaidh an Iar	126	0.07%
Labhdaidh an Ear	60	0.06%
Aonghas	56	0.05%
Fìobha	161	0.05%
S. Inbhir Àir a Deas	60	0.05%
Dùn Phris & Gall-ghàidheil	61	0.04%
Meadhan Labhdaidh	34	0.04%
Na Crìochan	40	0.04%
Sealtainn	9	0.04%
Dùn Deagh	49	0.03%
<i>Gàidhealtachd</i>	<i>17,607</i>	<i>4.42%</i>
<i>Galltachd</i>	<i>7,364</i>	<i>0.15%</i>
Alba	24,971	0.49%

Nòtaichean

- Tha “Gàidhealtachd” a' gabhail a-steach sgìrean Comhairlean Earra-Ghàidheal is Bhòid, na

Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar. Tha “Galltachd” a' gabhail a-steach a' chòrr, ged a bha pàirtean de sheann siorrachdan Bhanbh, Dhùn Breatainn, Mhoireibh, Obar Dheathain, Pheairt agus Shruighlea air am meas nan ceàrnaidhean Gàidhealach.

- Tha na bhruidhneas Gàidhlig aig an taigh nam mion-chuid de mhuinntir a h-uile sgìre.
- Chan eil ach sgìrean Comhairlean Earra-Ghàidheal is Bhòid, na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar os cionn gnàth-cheudad na h-Alba air fad (0.49%).

Clàr 6: Luchd-labhairt na Gàidhlig aig an taigh mar cheudad de luchd-labhairt na sgìre, 2011

Sgìre	A' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh	Mar % de luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre
Na h-Eileanan Siar	10,879	77.34%
Arcaibh	63	65.63%
A' Ghàidhealtachd	5,451	45.30%
S. Dhùn Breatainn an Ear	363	39.89%
Glaschu	2,298	39.01%
Earra-Ghàidheal & Bòid	1,277	37.00%
S. Lannraig a Tuath	489	36.88%
S. Rinn Friu an Ear	188	34.24%
S. Rinn Friu	285	29.78%
S. Lannraig a Deas	366	29.71%
S. Inbhir Àir an Ear	161	27.95%
Dùn Èideann	850	26.92%
Sruighlea	204	25.86%
Obar Dheathain	406	24.97%
Inbhir Chluaidh	98	23.11%
S. Dhùn Breatainn an Iar	111	21.76%
Moireibh	128	20.55%
An Eaglais Bhreac	124	20.41%
Clach Mhanainn	56	20.14%
Labhdaidh an Iar	126	19.03%
S. Inbhir Àir a Tuath	130	19.03%
S. Inbhir Àir a Deas	60	15.50%
Peairt & Cinn Rois	195	15.29%
Labhdaidh an Ear	60	15.11%
S. Obar Dheathain	193	13.82%
Aonghas	56	13.43%
Dùn Phris & Gall-ghàidheil	61	13.03%
Fìobha	161	12.66%
Meadhan Labhdaidh	34	11.07%
Na Crìochan	40	10.67%
Dùn Deagh	49	10.43%
Sealtainn	9	9.28%
<i>Gàidhealtachd</i>	<i>17,607</i>	<i>59.57%</i>
<i>Galltachd</i>	<i>7,364</i>	<i>26.47%</i>
Alba	24,971	43.52%

Nòtaichean

- Tha “Gàidhealtachd” a' gabhail a-steach sgìrean comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, na

Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar. Tha “Galltachd” a' gabhail a-steach a' chòrr, ged a bha pàirtean de sheann siorrachdan Bhanbh, Dhùn Breatainn, Mhoireibh, Obar Dheathain, Pheairt agus Shruighlea air am meas nan ceàrnaidhean Gàidhealach .

- 'S ann anns na h-Eilean Siar agus an Arcaibh a-mhàin a tha a' mhòr-chuid de luchd-labhairt na Gàidhlig ga bruidhinn aig an taigh.
- Tha mu 60% de luchd-labhairt na Gàidhlig ga bruidhinn aig an taigh air “a' Ghàidhealtachd” thradaiseanta, 's gun ach na h-Eileanan Siar os cionn gnàth-cheudad na roinne seo.
- Tha beagan os cionn 26% ga bruidhinn aig an taigh air “a' Ghalltachd” thradaiseanta, ach tha Arcaibh, S. Dhùn Breatainn an Ear, Glaschu, S. Lannraig a Tuath, S. Rinn Friu, S. Rinn Friu an Ear, S. Lannraig a Deas, S. Inbhir Àir an Ear agus Dùn Èideann os cionn gnàth-cheudad na roinne seo.
- Ann an Alba air fad, tha nas lugha na an dàrna leth (mu 44%) de luchd-labhairt na Gàidhlig ga bruidhinn aig an taigh, ged a tha na h-Eileanan Siar, Arcaibh agus sgìre Comhairle na Gàidhealtachd os cionn a' ghnàth-cheudaid nàiseanta.

Clàr 7: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuinntir eileanan, 2011

a. Eilean	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
An t-Eilean Sgitheanach	2857	9710	29.42%
Barraigh	710	1137	62.40%
Beàrnaraigh Uibhist	73	136	53.68%
Beàrnaraigh Ùig	110	247	44.50%
Beinn nam Fadhla	676	1283	52.69%
Bhatarsaigh	50	85	58.82%
Cearrara	6	53	11.32%
Cola	15	190	7.89%
Colbhasa	26	129	20.16%
Diùra	15	189	7.94%
Èirisgeigh	102	139	73.38%
Èisdeal	0	57	0.00%
Giogha	8	163	4.91%
Griomasaigh	102	167	61.08%
Ì	1	166	0.60%
Ìle	597	3160	18.89%
Leòdhas	9217	18890	48.79%
Liosmòr	50	186	26.88%
Luinn	10	193	5.18%
Muile	332	2731	12.16%
Na Hearadh	914	1580	57.85%
Na h-Eileanan Tarsainn	13	146	8.90%
Ratharsair	48	158	30.38%
Saoil	27	544	4.96%
Sgalpaigh	220	289	76.12%
Tiriodh	240	626	38.34%
Uibhist a Deas	1107	1700	65.12%
Uibhist a Tuath	785	1276	61.52%

Nòtaichean

- Tha a' mhòr-chuid de mhuinntir nan eilean a leanas comasach air Gàidhlig a bhruidhinn: Barraigh, Beàrnaraigh Uibhist, Beinn nam Fadhla, Bhatarsaigh, Èirisgeigh, Griomasaigh, Na Hearadh, Sgalpaigh, Uibhist a Deas agus Uibhist a Tuath.
- Tha a' Ghàidhlig na mion-chànan labhairteach anns a h-uile h-eilean eile, agus chan eil duine ga bruidhinn ann an Èisdeal 's gun ach aon neach ann an Ì.

Clàr 8: Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad de mhuinntir eileanan, 2011

a. Eilean	b. Luchd na Gàidhlig air fad	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
An t-Eilean Sgitheanach	3614	9710	37.22%
Barraigh	816	1137	71.77%
Beàrnaraigh Uibhist	86	136	63.24%
Beàrnaraigh Ùig	145	247	58.70%
Beinn nam Fadhla	800	1283	62.35%
Bhatarsaigh	55	85	64.71%
Cearrara	8	53	15.09%
Cola	28	190	14.74%
Colbhasa	32	129	24.81%
Diùra	19	189	10.05%
Èirisgeigh	114	139	82.01%
Èisdeal	2	57	3.51%
Giogha	18	163	11.04%
Griomasaigh	114	167	68.26%
Ì	7	166	4.22%
Ìle	835	3160	26.42%
Leòdhas	10966	18890	58.05%
Liosmòr	67	186	36.02%
Luinn	16	193	8.29%
Muile	456	2731	19.23%
Na Hearadh	976	1580	61.77%
Na h-Eileanan Tarsainn	26	146	17.81%
Ratharsair	64	158	40.51%
Saoil	45	544	8.27%
Sgalpaigh	230	289	79.58%
Tiriodh	284	626	45.37%
Uibhist a Deas	1260	1700	74.12%
Uibhist a Tuath	877	1276	68.73%

Nòtaichean

- Tha sgìlean Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de mhuinntir gach eilein anns na h-Eileanan Siar, ach aig a' mhion-chuid anns a h-uile h-eilean eile.
- 'S ann ann an Èirisgeigh is Sgalpaigh a-mhàin a tha sgìlean Gàidhlig aig còrr is 75% de mhuinntir an eilein.

Clàr 9: Eileanan air an rangachadh a rèir neart na Gàidhlig labhairtich, 2011

Eilean	Luchd-labhairt na Gàidhlig	Luchd-labhairt mar % den t-sluagh
Sgalpaigh	220	76.12%
Èirisgeigh	102	73.38%
Uibhist a Deas	1107	65.12%
Barraigh	710	62.40%
Uibhist a Tuath	785	61.52%
Griomasaigh	102	61.08%
Bhatarsaigh	50	58.82%
Na Hearadh	914	57.85%
Beàrnaraigh Uibhist	73	53.68%
Beinn nam Fadhla	676	52.69%
Leòdhas	9217	48.79%
Beàrnaraigh Ùig	110	44.50%
Tiriodh	240	38.34%
Ratharsair	48	30.38%
An t-Eilean Sgitheanach	2857	29.42%
Liosmòr	50	26.88%
Colbhasa	26	20.16%
Ìle	597	18.89%
Muile	332	12.16%
Cearrara	6	11.32%
Na h-Eileanan Tarsainn	13	8.90%
Diùra	15	7.94%
Cola	15	7.89%
Luinn	10	5.18%
Saoil	27	4.96%
Gìogha	8	4.91%
Ì	1	0.60%
Èisdeal	0	0.00%

Nòtaichean

- Tha 10 eileanan ann, iad uile anns na h-Eileanan Siar, far a bheil comas labhairt na Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de dhaoine, agus 4,739 de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann. Tha iad sin a' riochdachadh 33.69% de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar air fad, na tha a' ciallachadh gu bheil dà thrìan de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar (66.31%) a' fuireach ann an eileanan far a bheil iad anns a' mhion-chuid am measg an t-sluaigh.

Clàr 10: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuinntir eileanan, 2001-11

Eilean	2001	2011	Diofar
An t-Eilean Sgitheanach	31%	29%	-2%
Barraigh	68%	62%	-6%
Beàrnaraigh Uibhist	63%	54%	-9%
Beàrnaraigh Ùig	64%	45%	-19%
Beinn nam Fadhla	56%	53%	-3%
Bhatarsaigh	56%	59%	+3%
Cearrara	*	11%	*
Cola	12%	8%	-4%
Colbhasa	23%	20%	-3%
Diùra	11%	8%	-3%
Èirisgeigh	78%	73%	-5%
Èisdeal	7%	0%	-7%
Giogha	14%	5%	-9%
Griomasaigh	71%	61%	-10%
Ì	5%	1%	-4%
Ìle	24%	19%	-5%
Leòdhas	56%	49%	-7%
Liosmòr	29%	27%	-2%
Luinn	3%	5%	+2%
Muile	13%	12%	-1%
Na Hearadh	69%	58%	-11%
Na h-Eileanan Tarsainn	17%	9%	-8%
Ratharsair	36%	30%	-6%
Saoil	4%	5%	+1%
Sgalpaigh	84%	76%	-8%
Tiriodh	48%	38%	-10%
Uibhist a Deas	71%	65%	-6%
Uibhist a Tuath	67%	62%	-5%

Nòtaichean

- Tha na ceudadan air an cur sìos no suas gu àireamhan slàn airson coimeas soilleir a dhèanamh eadar figearan an dà chunntais-shluaigh.
- Cha robh figearan fa leth rim faotainn do Chearrara ann an 2001.
- Tha a' Ghàidhlig air a dhol na mion-chànan labhairteach eadar 2001 is 2011 ann am Beàrnaraigh Ùig agus Leòdhas.
- Chaidh ceudad luchd-labhairt na Gàidhlig **suas** ann am Bhatarsaigh, Luinn agus Saoil.

Clàr 11: Eileanan air an rangachadh a rèir atharrachadh ceudadach neart na Gàidhlig labhairtich, 2001-11

Eilean	Ceudad ann an 2011	Diofar
Bhatarsaigh	59%	+3%
Luinn	5%	+2%
Saoil	5%	+1%
Muile	12%	-1%
An t-Eilean Sgitheanach	29%	-2%
Liosmòr	27%	-2%
Beinn nam Fadhla	53%	-3%
Colbhasa	20%	-3%
Diùra	8%	-3%
Cola	8%	-4%
Ì	1%	-4%
Èirisgeigh	73%	-5%
Uibhist a Tuath	62%	-5%
Ìle	19%	-5%
Uibhist a Deas	65%	-6%
Barraigh	62%	-6%
Ratharsair	30%	-6%
Leòdhas	49%	-7%
Èisdeal	0%	-7%
Sgalpaigh	76%	-8%
Na h-Eileanan Tarsainn	9%	-8%
Beàrnaraigh Uibhist	54%	-9%
Giogha	5%	-9%
Griomasaigh	61%	-10%
Tiriodh	38%	-10%
Na Hearadh	58%	-11%
Beàrnaraigh Ùig	45%	-19%
Cearrara	11%	*

Nòtaichean

- Cha robh figearan fa leth rim faotainn do Chearrara ann an 2001.

Clàr 12: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuintir pharaistean eileanach, 2011

a. Paraiste	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Leòdhas: Barbhas	2034	3173	64.10%
Leòdhas: Na Lochan	939	1762	53.29%
Leòdhas: Steòrnabhagh	5484	12635	43.40%
Leòdhas: Ùig	870	1567	55.52%
Na Hearadh	1207	2005	60.19%
Uibhist a Tuath	887	1443	61.47%
Uibhist a Deas	1885	3122	60.38%
Barraigh	760	1222	62.19%
Eil. Sg.: An Srath	395	1810	21.82%
Eil. Sg.: Bràcadal	199	779	25.55%
Eil. Sg.: Cille Mhoire	365	793	46.03%
Eil. Sg.: Diùirinis	327	1438	22.74%
Eil. Sg.: Port Rìgh	865	2856	30.29%
Eil. Sg.: Slèite	344	888	38.74%
Eil. Sg.: Sniothasort	410	1304	31.44%
Na h-Eileanan Tarsainn	13	146	8.90%
Cola	15	190	7.89%
Tiriodh	240	626	38.34%
Muile: Cill Fhionnchain	58	719	8.07%
Muile: Cill Naoi Nighean	201	1544	13.02%
Muile: Torosaigh	74	634	11.67%
Liosmòr & An Apainn	184	2395	7.68%
Cill Bhrianain & Cill Chatain	37	794	4.66%
Colbhasa & Orasa	26	129	20.16%
Diùra	15	189	7.94%
Ìle: Cill A Rubha	264	1360	19.41%
Ìle: Cill Chomain	148	744	19.89%
Ìle: Cill Daltain	185	1056	17.52%
Giogha & Cara	8	163	4.91%

Nòtaichean:

- Tha na figearan a' gabhail a-steach comas labhairt na Gàidhlig a-mhàin.
- Chan ionnan na paraistean seo agus na h-eileanan ann an Clàran 7 is 8, ach a-mhàin Na h-Eileanan Tarsainn, Cola, Tiriodh agus Diùra.
- Ann am Muile 's iad ainmean slàn a' chiad dà pharaiste, Cill Fhionnchain & Cill Mhic Eòin agus Cill Naoi Nighean & a' Chill Mhòr, agus ann an Ìle 's e Cill A Rubha & Cill Mheanaidh an t-ainm slàn.
- Tha Èisdeal, Saoil is Luinn nam pàirt de pharaiste Chill Bhrianain & Chill Chatain a tha a' gabhail a-steach cheàrnaidhean air tìr-mòr. Ann an Liosmòr & An Apainn, 's ann air tìr-mòr a tha An Apainn fhèin.

- Tha a' Ghàidhlig na mòr-chànan labhairteach anns gach paraiste anns na h-Eileanan Siarach Steòrnabhagh. Tha i na mion-chànan anns a h-uile paraiste eileanach eile.

Clàr 13: Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad de mhuinntir pharaistean eileanach, 2011

a. Paraiste	b. Luchd na Gàidhlig air fad	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Leòdhas: Barbhas	2276	3173	71.73%
Leòdhas: Na Lochan	1092	1762	61.98%
Leòdhas: Steòrnabhagh	6762	12635	53.52%
Leòdhas: Ùig	981	1567	62.60%
Na Hearadh	1342	2005	66.93%
Uibhist a Tuath	991	1443	68.68%
Uibhist a Deas	2174	3122	69.63%
Barraigh	871	1222	71.28%
Eil. Sg.: An Srath	514	1810	28.40%
Eil. Sg.: Bràcadal	259	779	33.25%
Eil. Sg.: Cille Mhoire	419	793	52.84%
Eil. Sg.: Diùirinis	409	1438	28.44%
Eil. Sg.: Port Rìgh	1141	2856	39.95%
Eil. Sg.: Slèite	406	888	45.72%
Eil. Sg.: Sniothasort	530	1304	40.64%
Na h-Eileanan Tarsainn	26	146	17.81%
Cola	28	190	14.74%
Tiriodh	284	626	45.37%
Muile: Cill Fhionnchain	84	719	11.68%
Muile: Cill Naoi Nighean	268	1544	17.36%
Muile: Torosaigh	111	634	17.51%
Liosmòr & An Apainn	280	2395	11.69%
Cill Bhrianain & Cill Chatain	63	794	7.93%
Colbhasa & Orasa	32	129	24.81%
Diùra	19	189	10.05%
Ìle: Cill A Rubha	378	1360	27.79%
Ìle: Cill Chomain	195	744	26.21%
Ìle: Cill Daltain	262	1056	24.81%
Giogha & Cara	18	163	11.04%

Nòtaichean:

- Tha na figearan a' gabhail a-steach nan ceithir sgìlean cànan: tuigsinn, labhairt, leughadh is sgrìobhadh.
- Chan ionnan na paraistean seo agus na h-eileanan ann an Clàran 7 is 8, ach a-mhàin Na h-Eileanan Tarsainn, Cola, Tiriodh agus Diùra. Ged a tha na h-ainmean eadar-dhealaichte is ionnan Colbhasa & Orasa is Giogha & Cara an seo agus Colbhasa is Giogha ann an clàran 7 is 8.
- Ann am Muile 's iad ainmean slàn a' chiad dà pharaiste, Cill Fhionnchain & Cill Mhic Eòin agus Cill Naoi Nighean & a' Chill Mhòr, agus ann an Ìle 's e Cill A Rubha & Cill Mheanaidh an t-ainm slàn.

- Tha Èisdeal, Saoil is Luinn nam pàirt de pharaiste Chill Bhrianain & Chill Chatain a tha a' gabhail a-steach cheàrnaidhean air tìr-mòr. Ann an Liosmòr & An Apainn, 's ann air tìr-mòr a tha An Apainn fhèin.
- Tha sgilean Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de mhuinntir gach paraiste anns na h-Eileanan Siar agus ann am paraiste chatharra Chille Mhoire anns an Eilean Sgitheanach.

Clàr 14: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuinntir pharaistean sònraichte air tìr-mòr, 2011

a. Paraiste	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh na paraiste	b. mar % de c.
A' Chomraich	89	566	15.72%
A' Mhorbhairne	33	285	11.58%
Àird Ghobhar	49	432	11.34%
Àird nam Murchan	215	1115	19.28%
Àrasaig & Mùideart	106	870	12.18%
Cinn Tàile MhicAoidh	59	554	10.65%
Cinn Tàile MhicRath	43	298	14.43%
Geàrrloch	298	2277	13.10%
Gleann Eilg	193	1427	13.52%
Gleann Seile	30	207	14.49%
Loch Aillse	279	1861	14.99%
Loch Bhraoin	244	2427	10.05%
Loch Carrann	125	869	14.38%

Nòtaichean

- B' iad seo na h-aon pharaistean catharra air tìr-mòr a bha os cionn 10% ann an 2001.
- Tha Cill Bhrianain & Cill Chatain agus Liosmòr & An Apainn a' nochdadh ann an Clàr 12, ged a tha pàirt dhiubh air tìr-mòr.

Clàr 15: Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad de mhuinntir pharaistean sònraichte air tìr-mòr, 2011

a. Paraiste	b. Luchd na Gàidhlig air fad	c. Sluagh na paraiste	b. mar % de c.
A' Chomraich	122	566	21.55%
A' Mhorbhairne	47	285	16.49%
Àird Ghobhar	67	432	15.51%
Àird nam Murchan	278	1115	24.92%
Àrasaig & Mùideart	143	870	16.44%
Cinn Tàile MhicAoidh	87	554	15.70%
Cinn Tàile MhicRath	70	298	23.49%
Geàrrloch	418	2277	18.36%
Gleann Eilg	244	1427	17.10%
Gleann Seile	46	207	22.22%
Loch Aillse	367	1861	19.72%
Loch Bhraoin	333	2427	13.72%
Loch Carrann	181	869	20.83%

Nòtaichean

- Tha Cill Bhrianain & Cill Chatain agus Liosmòr & An Apainn a' nochdadh ann an Clàr 13, ged a tha pàirt dhiubh air tìr-mòr.

Clàr 16: Paraistean eileanach agus tìr-mòr air an rangachadh a rèir neart na Gàidhlig labhairtich, 2011

Paraiste	Luchd-labhairt na Gàidhlig	Luchd-labhairt mar % den t-sluagh
Leòdhas: Barbhas	2034	64.10%
Barraigh	760	62.19%
Uibhist a Tuath	887	61.47%
Uibhist a Deas	1885	60.38%
Na Hearadh	1207	60.19%
Leòdhas: Ùig	870	55.52%
Leòdhas: Na Lochan	939	53.29%
Eil. Sg.: Cille Mhoire	365	46.03%
Leòdhas: Steòrnabhagh	5484	43.40%
Eil. Sg.: Slèite	344	38.74%
Tiriodh	240	38.34%
Eil. Sg.: Sniothasort	410	31.44%
Eil. Sg.: Port Rìgh	865	30.29%
Eil. Sg.: Bràcadal	199	25.55%
Eil. Sg.: Diùirinis	327	22.74%
Eil. Sg.: An Srath	395	21.82%
Colbhasa & Orasa	26	20.16%
Ìle: Cill Chomain	148	19.89%
Ìle: Cill A Rubha & Cill Mheanaidh	264	19.41%
Tìr-mòr: Àird nam Murchan	215	19.28%
Ìle: Cill Daltain	185	17.52%
Tìr-mòr: A' Chomraich	89	15.72%
Tìr-mòr: Loch Aillse	279	14.99%
Tìr-mòr: Gleann Seile	30	14.49%
Tìr-mòr: Cill Tàile MhicRath	43	14.43%
Tìr-mòr: Loch Carrann	125	14.38%
Tìr-mòr: Gleann Eilg	193	13.52%
Tìr-mòr: Geàrrloch	298	13.10%
Muile: Cill Naoi Nighean	201	13.02%
Tìr-mòr: Àrasaig & Mùideart	106	12.18%
Muile: Torosaigh	74	11.67%
Tìr-mòr: A' Mhorbhairne	33	11.58%
Tìr-mòr: Àird Ghobhar	49	11.34%
Tìr-mòr: Cinn Tàile MhicAoidh	59	10.65%
Tìr-mòr: Loch Bhraoin	244	10.05%

Nòtaichean

- Chan eil a' nochdadh anns a' chlàr seo ach paraistean far a bheil co-dhiù 10% de mhuinntir an àite comasach air Gàidhlig a bhruidhinn.
- 'S e Cill Naoi Nighean & A' Chill Mhòr ainm slàn na paraiste ann am Muile.

Clàr 17: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuintir pharaistean eileanach, 2001-11

Paraiste	2001	2011	Diofar
Leòdhas: Barbhas	75%	64%	-11%
Leòdhas: Na Lochan	63%	53%	-10%
Leòdhas: Steòrnabhagh	51%	43%	-8%
Leòdhas: Ùig	70%	56%	-14%
Na Hearadh	70%	60%	-10%
Uibhist a Tuath	69%	61%	-8%
Uibhist a Deas	67%	60%	-7%
Barraigh	69%	62%	-7%
Eil. Sg.: An Srath	29%	22%	-7%
Eil. Sg.: Bràcadal	36%	26%	-10%
Eil. Sg.: Cille Mhoire	57%	46%	-11%
Eil. Sg.: Diùirinis	32%	23%	-9%
Eil. Sg.: Port Rìgh	37%	30%	-7%
Eil. Sg.: Slèite	44%	39%	-5%
Eil. Sg.: Sniothasort	42%	31%	-11%
Na h-Eileanan Tarsainn	17%	9%	-8%
Cola	12%	8%	-4%
Tiriodh	48%	38%	-10%
Muile: Cill Fhionnchain	9%	8%	-1%
Muile: Cill Naoi Nighean	13%	13%	-
Muile: Torosaigh	17%	12%	-5%
Liosmòr & An Apainn	10%	8%	-2%
Cill Bhrianain & Cill Chatain	4%	5%	+1%
Colbhasa & Orasa	24%	20%	-4%
Diùra	11%	8%	-3%
Ìle: Cill A Rubha	23%	19%	-4%
Ìle: Cill Chomain	28%	20%	-8%
Ìle: Cill Daltain	24%	18%	-6%
Giogha & Cara	14%	5%	-9%

Nòtaichean

- Chaidh na ceudadan a chur suas no sìos gu àireamh shlàn airson coimeas soilleir a dhèanamh eadar 2001 is 2011.
- Tha Cill Bhrianain & Cill Chatain agus Liosmòr & An Apainn a' gabhail a-steach cheàrnaidhean air tìr-mòr.
- B' ann ann an Ùig Leòdhais a bu mhotha a bha an tuiteam ceudadach (-14%) agus b' e Cill Bhrianain & Cill Chatain an aon pharaiste far an deach an ceudad suas (+1%) eadar 2001 is 2011.

Clàr 18: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuinntir pharaistean sònraichte air tìr-mòr, 2001-11

Paraiste	2001	2011	Diofar
A' Chomraich	19%	16%	-3%
A' Mhorbhairne	14%	12%	-2%
Àird Ghobhar	14%	11%	-3%
Àird nam Murchan	18%	19%	+1%
Àrasaig & Mùideart	12%	12%	-
Cinn Tàile MhicAoidh	17%	11%	-6%
Cinn Tàile MhicRath	19%	14%	-5%
Geàrrloch	16%	13%	-3%
Gleann Eilg	13%	14%	+1%
Gleann Seile	17%	15%	-2%
Loch Aillse	20%	15%	-5%
Loch Bhraoin	11%	10%	-1%
Loch Carrann	17%	14%	-3%

Nòtaichean

- Bha comas labhairt na Gàidhlig aig còrr is 10% de mhuinntir nam paraistean seo ann an 2001, agus tha iad uile ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Air tìr-mòr, cha robh paraistean catharra eile cho àrd ri 10% ann an 2001.
- Chaidh na ceudadan a chur suas no sìos gu àireamh shlàn airson coimeas soilleir a dhèanamh eadar an dà chunntas-shluaigh.
- Ged a chaidh an ceudad suas 1% ann an Àird nam Murchan agus Gleann Eilg, agus ged nach do dh'atharraich e ann an Àrasaig is Mùideart, thuit e anns gach paraiste eile, ged a tha na h-aon pharaistean 's a bha ann ann an 2001 fhathast aig co-dhiù 10%.

Clàr 19: Paraistean air an rangachadh a rèir atharrachadh ceudadach neart na Gàidhlig labhairtich, 2001-11

Paraiste	2001	2011	Diofar
Tìr-mòr: Àird nam Murchan	18%	19%	+1%
Tìr-mòr: Gleann Eilg	13%	14%	+1%
Cill Bhrianain & Cill Chatain	4%	5%	+1%
Muile: Cill Naoi Nighean	13%	13%	-
Tìr-mòr: Àrasaig & Mùideart	12%	12%	-
Tìr-mòr: Loch Bhraoin	11%	10%	-1%
Muile: Cill Fhionnchain	9%	8%	-1%
Tìr-mòr: Gleann Seile	17%	15%	-2%
Tìr-mòr: A' Mhorbhairne	14%	12%	-2%
Liosmòr & An Apainn	10%	8%	-2%
Tìr-mòr: A' Chomraich	19%	16%	-3%
Tìr-mòr: Loch Carrann	17%	14%	-3%
Tìr-mòr: Geàrrloch	16%	13%	-3%
Tìr-mòr: Àird Ghobhar	14%	11%	-3%
Diùra	11%	8%	-3%
Colbhasa & Orasa	24%	20%	-4%
Ìle: Cill A Rubha & Cill Mheanaidh	23%	19%	-4%
Cola	12%	8%	-4%
Eil. Sg.: Slèite	44%	39%	-5%
Tìr-mòr: Loch Aillse	20%	15%	-5%
Tìr-mòr: Cinn Tàile MhicRath	19%	14%	-5%
Muile: Torosaigh	17%	12%	-5%
Ìle: Cill Daltain	24%	18%	-6%
Tìr-mòr: Cinn Tàile MhicAoidh	17%	11%	-6%
Barraigh	69%	62%	-7%
Uibhist a Deas	67%	60%	-7%
Eil. Sg.: Port Rìgh	37%	30%	-7%
Eil. Sg.: An Srath	29%	22%	-7%
Uibhist a Tuath	69%	61%	-8%
Leòdhas: Steòrnabhagh	51%	43%	-8%
Ìle: Cill Chomain	28%	20%	-8%
Na h-Eileanan Tarsainn	17%	9%	-8%
Eil. Sg.: Diùirinis	32%	23%	-9%
Gìogha & Cara	14%	5%	-9%
Na Hearadh	70%	60%	-10%
Leòdhas: Na Lochan	63%	53%	-10%
Tiriodh	48%	38%	-10%

Paraiste	2001	2011	Diofar
Eil. Sg.: Bràcadal	36%	26%	-10%
Leòdhas: Barbhas	75%	64%	-11%
Eil. Sg.: Cille Mhoire	57%	46%	-11%
Eil. Sg.: Sniothasort	42%	31%	-11%
Leòdhas: Ùig	70%	56%	-14%

Nòtaichean

- B' ann ann am paraistean far an robh labhairt na Gàidhlig aig cuid car mòr den t-sluagh a bu mhotha a thuit an ceudad eadar 2001 is 2011 (10% no nas àirde).

Clàr 20: Luchd-labhairt na Gàidhlig mar cheudad de mhuinntir cheàrnaidhean beaga eileanach, 2011

a. Leòdhas	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
<i>Nis agus An Taobh Siar</i>	2341	3679	63.63%
Nis	714	1105	64.62%
Gabhunn-Borgh	231	383	60.31%
Siadar-Baile an Truiseil	149	207	71.98%
Barbhas	163	240	67.92%
Brù	83	141	58.87%
Àrnol	73	135	54.07%
Bràgair-Làbost	159	229	69.43%
Siabost-Na Dailean	293	432	67.82%
Càrlabhaigh	227	396	57.32%
Tolastadh a' Chaolais	45	76	59.21%
Brèascleit-Calanais	204	335	60.89%
Ùig	394	760	51.84%
Loch a' Ghainmhich-Sgealascro-Linnseadar	77	121	63.64%
Giosla-Brèinis	207	392	52.81%
Beàrnaraigh Ùig	110	247	44.50%
<i>An Loch a Tuath</i>	1313	2443	53.75%
Tolastadh	277	491	56.42%
Griais-Gleann Tholastaidh	128	203	63.05%
Col-Am Bac	563	978	57.57%
Tong	345	771	44.75%
<i>Na Lochan</i>	939	1762	53.29%
Grimiseadar-An t-Acha Mòr	76	167	45.51%
Rànais-Crosabost	163	284	57.39%
Liùrbost	215	422	50.95%
Lacasaigh-Sòbhal	76	107	71.03%
Ceòs	76	104	73.08%
Baile Ailein	115	236	48.73%
Àirigh a' Bhruthaich-Isginn	18	48	37.50%
Gearraidh a' Bhàird-Sildinis	62	133	46.62%
Cromòr-Marbhaig	36	89	40.45%
Calabost-Grabhar	62	105	59.05%
Leumrabhaigh-Orasaigh	40	67	59.70%
<i>An Rubha</i>	1013	2185	46.36
An Cnoc-Suardal	209	378	55.29%
Aiginis	77	165	46.67%

a. Leòdhas	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Garrabost	172	371	46.36%
Pabail	229	514	44.55%
Siadar an Rubha	66	160	41.25%
Seiseadar	46	121	38.02%
An Àird-Port nan Giùran	214	476	44.96%
<i>Taobh Steòrnabhaigh</i>	<i>3051</i>	<i>7593</i>	<i>40.18%</i>
Newmarket-Lacasdal-Marybank	566	1283	44.12%
Steòrnabhagh-Plasterfield	2173	5460	39.80%
Sanndabhaig-Ceann nam Buailtean-Tolm	215	586	36.69%
Mealabost-Am Bràigh	97	264	36.74%

a. Na Hearadh	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Àth Linne-Màraig-Àird Àsaig	41	67	61.19%
Hùisinis-Bun Abhainn Eadarra	61	101	60.40%
Rèinigeadal-Urgha-An Caolas	63	99	63.64%
An Tairbeart	234	399	58.65%
Sgalpaigh	220	289	76.12%
An Taobh an Iar	92	146	63.01%
Na Bàigh	218	409	53.30%
An Taobh Tuath	46	84	54.76%
An Tòb	110	178	61.80%
Roghadal-Srannda	53	97	54.64%

a. Uibhist	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
<i>Uibhist a Tuath</i>	<i>960</i>	<i>1579</i>	<i>60.79%</i>
Beàrnaraigh Uibhist	73	136	53.68%
Truimisgearraidh-Port nan Long-Loch Portain	69	104	66.35%
Solas	112	175	64.00%
An Taobh an Iar	83	119	69.75%
Loch nam Madadh	104	208	50.00%
Loch Euphort	44	79	55.70%
An Clachan-Am Baile Sear	83	125	66.40%
Cladach Chirceboist	45	79	56.96%
Paibeil-Ceann a' Bhàigh	142	213	66.67%
Càirinis	103	174	59.20%

a. Uibhist	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Griomasaigh	102	167	61.08%
<i>Beinn nam Fadhla</i>	676	1283	52.69%
Gramasdal-An t-Uachdar	77	156	49.36%
Baile a' Mhanaich	228	513	44.44%
Baile nan Cailleach	80	131	61.07%
Griminis-Uisgeabhagh	73	114	64.04%
Lionacleit-Cnoc na Mòna	109	163	66.87%
Creag Ghoraidh-Port Pheadair	109	206	52.91%
<i>Uibhist a Deas</i>	1175	1786	65.79%
An t-Ìochdar	139	224	62.05%
Loch a' Chàrnain	50	92	54.35%
Gèirinis	43	68	63.24%
Snaoiseabhal-Loch Sgioport	95	150	63.33%
Na Meadhanan	144	190	75.79%
Gearra-bhailteas-Àisgearnais	98	143	68.53%
Dalabrog-Gearraidh Sheilidh	80	116	68.97%
Loch Baghasdail	163	287	56.79%
Baghasal	261	377	69.23%
Èirisgeigh	102	139	73.38%

a. Barraigh	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Eòlaigearraidh-Àird Mhidhinis	119	161	73.91%
Am Bàgh a Tuath-Brèibhig	175	285	61.40%
Cliaid-Borgh	53	117	45.30%
Tangasdal-Bàgh a' Chaisteil-An Gleann	287	442	64.93%
Bhatarsaigh	50	85	58.82%

a. An t-Eilean Sgitheanach	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Cille Mhoire	132	324	40.74%
An Taobh Sear	233	469	49.68%
Ùige	103	289	35.64%
Earlais-Cinnseaborg	48	173	27.75%
Ròmasdal-Eighre-Arnaiseadar	69	157	43.95%
Borbh-Sgeirinis	38	135	28.15%
Beàrnasdal-Sgeubost	66	185	35.68%

a. An t-Eilean Sgitheanach	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Mùigearraidh-Ùigiseadar	34	151	22.52%
Achadh a' Choirce-An Leathallt	52	146	35.62%
Port Rìgh	658	2223	29.60%
Am Bràighe	83	250	33.20%
Pàirc Bheàrnasdail-Grisinis	114	460	24.78%
Bhatairnis	49	232	21.12%
Dùn Bheagain	74	328	22.56%
Na Sgianaidean-Ròdhag-Orbost	34	127	26.77%
Cealabost-Galtraigil	22	110	20.00%
Gleann Dail	39	214	18.22%
Roisgil-Heàrrlois-Bhatan-Feòrlig	47	181	25.97%
Òs-Uilinis	50	170	29.41%
Bràcadal	35	94	37.23%
Minginis	100	441	22.68%
Sligeachan-Gleann Breadail	14	74	18.92%
Sgonnsar-Am Mol	24	79	30.38%
Lùib-Allt a' Choire	25	148	16.89%
An t-Àth Leathann-Breacais	222	1073	20.69%
Lusa-Caol Reatha	14	108	12.96%
Caol Àcain	57	232	24.57%
Na Torran & Heasta	40	129	31.01%
Ealaghol	37	120	30.83%
An Druim Fheàrna-Camas Cros	91	252	36.11%
Tòrabhaig-Ostaig	115	254	45.28%
Armadal-Cailigearraidh	74	212	34.91%
Tarsgabhaig-Achadh na Cloiche	37	73	50.68%
An Àird & An t-Òrd-Tòcabhaig	27	97	27.84%
Ratharsair	48	158	30.38%

a. Ìle	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Port na h-Abhainne-Aolastradh	56	260	21.54%
Port Sgioba	43	245	17.55%
Bruach a' Chladaich	30	166	18.07%
Gruinneart-Àird Nèimh	19	73	26.03%

a. Ìle	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Beul an Àtha-Goirtean Taoid	12	71	16.90%
Baile a' Ghràna	32	122	26.23%
Port Asgaig-Bun na h-Abhainn	27	93	29.03%
A' Chill	13	88	14.77%
Bogha Mòr	148	862	17.17%
Port Ìlein	149	829	17.97%
An Àird Bheag-Àird Talla	24	148	16.22%
An Obha	18	79	22.78%
Diùra	15	189	7.94%

a. Muile	b. Luchd-labhairt	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
Tobar Mhoire	131	912	14.36%
Misinis-Àros	27	210	12.86%
Dearbhaig-Cuidhinis	21	214	9.81%
Calgarraidh-Mòirnis	6	92	6.52%
Taobh Ulbha	16	116	13.79%
Grùilinn	13	132	9.85%
An Sàilean	30	214	14.02%
Fisinis	18	112	16.07%
Creag an Iubhair-Ceann Loch Dona	13	176	7.39%
Bròlas	8	128	6.25%
Bun Easain	11	85	12.94%
Àird Dealanais	13	183	7.10%
Fionnphort	25	157	15.92%
Ì	1	166	0.60%

Nòtaichean:

- Chan eil comas-labhairt na Gàidhlig aig còrr is 80% de mhuinntir ceàrnaidh sam bith.
- Chan eil ach Sgalpaigh na Hearadh agus Meadhanan Uibhist a Deas os cionn 75% 's gun ach 364 daoine le Gàidhlig a' fuireach ann. Mar sin, chan eil ach 0.63% de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba air fad (2.59% de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar) a' fuireach ann an ceàrnaidhean far a bheil a' Ghàidhlig aig còrr is trìuir às gach ceathrar.
- Tha a' Ghàidhlig na mion-chànan labhairteach timcheall air Steòrnabhagh, anns an Rubha air fad ach a-mhàin An Cnoc-Suardal, ann am Beàrnaraigh Ùig, Tong, Grimiseadar-An t-Acha Mòr, Baile Ailein, Àirigh a' Bhruthaich-Isginn, Gearraidh a' Bhàird-Sildinis, Cromòr-Marbhaig, Baile a' Mhanaich, Gramasdal-An t-Uachdar agus air taobh an iar Bharrach anns na h-Eileanan Siar. Tha a' Ghàidhlig na mòr-chànan labhairteach anns an Taobh Sear agus ann an Tarsgabhaig-Achadh na Cloiche anns an Eilean Sgitheanach, ach na mion-chànan anns a h-uile ceàrnaidh eile anns a h-uile h-eilean eile.

Clàr 21: Luchd na Gàidhlig air fad mar cheudad de mhuinntir cheàrnaidhean beaga eileanach, 2011

a. Leòdhas	b. Luchd na Gàidhlig air fad	c. Sluagh air fad	b. mar % de c.
<i>Nis agus An Taobh Siar</i>			
Nis	797	1105	72.13%
Gabhunn-Borgh	267	383	69.71%
Siadar-Baile an Truiseil	164	207	79.23%
Barbhas	176	240	73.33%
Brù	93	141	65.96%
Àrnol	83	135	61.48%
Bràgair-Làbost	177	229	77.29%
